

Suidheachadh mionaideach – a' cur ri  
droch fhaireachdainn.

Neach-aithris  
1d phearsa;  
faisgeachd.

Cothrom agus ruitheam  
– leth-cheathramhan.  
Tasgadh mion-  
phuingean a' dèanamh  
an t-suidheachaidh fior  
don leughadair.

# Fòr Chois

Cha robh mo mhàthair airson tighinn a dh'fhuireach an seo air oir na mòintich, mu dhà mhile air falbh bho thaigh mòr Chùil Lodair. Chaithd cath mòr a chur an seo còrr is ceud bliadhna air ais far an do mharbh arm Rìgh Deòrsa na mìltean de dh'fhir nan cinnidhean an arm a' Phrionnsa Teàrlaich. Droch àite a bh' ann na barail-se. Àite mallaichte. Àite nam marbh.

Cha robh na h-aon draghannan agamsa. Sàmhach 's mar a bha e is lom 's mar a bha e a' coimhead, cha robh mise fada a' cur eòlas air na cùiltean is na ceàrmайдhean. Lorg mi na neadan beaga am measg an fhraoich 's na luachrach, na h-uillt bheaga is na lòin a bha a' cur thairis le eisg is biastagan beaga. Dh'ainmichinn guth na curracaig agus a' chlacharain, langanaich nam fiadh, cagarsaich na gaoithe anns na craobhan air taobh thall na Pairce.

1d uaim  
càirdeil,  
2na tè gun a  
bhith cho  
càirdeil.  
Nuaimealas,  
(onomatopeia).

Gach latha a bhithinn a' dol don eaglais no don sgoil leanainn an ceum a bha a' lùbadh timcheall oir na mòintich. Corra uair dh'fheumainn mo bhrògan a thoirt dhòm airson a dhol tarsainn sruth fuar a bhiodh a' drannail gu dòigheil rium as t-samhradh agus a' beucadh 's a' brùchdail sa gheamhradh. Bheireadh e na b' fhaide dhomh an uair sin faighinn tarsainn agus dh'fheumainn ruith sìos an ceum gus nach caillinn toiseach na seirbheis no clag a' mhaighstir-sgoile.

B' e an aon rud nach robh a' còrdadh rium an dùblachd gheamhraidh nuair a dh'fhàginn an sgoil am beul na h-oidhche agus a dhèanainn air an taigh. 'S e àite neo-aithnichte a bhiodh anns a' mhòintich air na h-oidhcheannan sin. Bhiodh a' ghaoth a' caoidh 's a' caoineadh agus bhiodh na h-eòin a' sgreadal 's a' sgreuchail. Air na h-oidhcheannan sin bhiodh na fir-chinnidh agus na saighdearan deurga a chaill am beatha air an latha sin o chionn thada air ais ag eirigh agus a' cainsmeachd tarsainn a' bhlàir a sheasamh aon uair eile nan loidhnichean marbha. Aon triop dh'fhairich mi fear aca cho faisg air mo chùlaibh 's gum b' ann air eigin a ràinig mi an taigh.

B' e an rud bu mhiosa an seann sabhal. Bha m' athair air innse dhomh mu dheidhinn nan Seumasach a theich às a' Blàr, air an leòn gu dona, agus a ghabh fasgadh san t-sabhal, far an deach an lorg agus am marbhadh. Dh'innse Eachainn, searbhant san Taigh Mhòr, dhomh gun robh e fhein agus nighean leis an robh e a' surghe aon uair a' coiseachd seachad air an t-sabhal nuair a thàinig an t-uisge agus chaidh iad a-steach gus an sguireadh e a-rithist. Chuala iad fuaim pheilcaran agus theich iad le eagal am beatha. Dh'innse Iain a bh' anns an sgoil còmhla rium gun do thuit fear an Taigh Mhòr far an eich aige nuair a chaidh e suas air a chasan-deiridh 's e air eagal a ghabhal faisg air an t-sabhal. Bhithinn daonnan a' ruith sìos an ceum air oidhcheannan geamhraidh, gum faighinn seachad air an t-sabhal mus biodh e buileach dorcha.

Uaim dhorcha;  
fuaim  
cruaidhe san  
dàrna tè.  
Atharras nan  
gniomhairean  
airson  
caoineadh  
a' pearsachadh  
na gaoithe  
agus a' cur  
cuideam air an  
fhaireachdainn.

An robh  
saighdear dearg  
a' leantainn an  
neach-aithris  
ann an  
da-rìribh?  
Mothaich  
'dh'fhairich  
mi'. B' urrainn  
cur ri  
sgeulachdan  
mun t-sabhal,  
an dèanamh  
suas, no am  
mineachadh gu  
furasta ach 's e  
am priomh rud  
gu bheil an  
neach-aithris  
gan creidsinn.